

**Geàrr-chunntas de choinneimh Bhòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a cumail  
Dihaoine 8 Màrt 2019 aig Sabhal Mòr Ostaig, aig 9.45m**

---

|                                |  |   |
|--------------------------------|--|---|
| <b>BUILL AN LÀTHAIR:</b>       | Aonghas S. MacLeòid<br>Màiri Anndra<br>Catriona Dunn<br>Sìne Ghilleasbuig<br>Iain Greumach<br>Rachel Kellow<br>Aonghas MacAonghais | Aonghas MacIllinnein (gu 12.30)<br>Aonghas L. MacLeòid<br>Iain Moireasdan<br>Jo NicDhòmhnail<br>Gillian Rothach<br>Mary Ellen Stiùbhart |
| <b>LUCHD-OBACH AN LÀTHAIR:</b> | Janey Forgan (bho 11.15-11.40)<br>Cairistiona NicCoinnich (geàrr-chunntas)   | Marsaili NicLeòid<br>Nicola NicThòmais<br>Donnie Rothach (bho 12.00-12.30)  |
| <b>LEISGEULAN:</b>             | Sandy Jones  | Raonaid Mhoireasdan   |

**PUING****GNÌOMH****1 FÀILTE**

Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, gu h-àraid Rachel Kellow, a bha a' frithealadh riochdachadh nan oileanach.

Bhon choinneimh mu dheireadh bha Art MacCarraig air a dhreuchd mar bhall a leigeil dheth. Thugadh taing do dh' Art airson na chuir e ri obair a' Bhùird agus obair na Colaiste.

Chaidh meal-a-naidheachd a chur air Karen Cheanadach, agus a teaghlach; rugadh balach beag dhi aig deireadh a' Ghearrain.

Chuireadh fàilte air Janey Forgan gu a ciad coinneimh mar Stiùiriche an Ionmhais (Fòrladh Màthaireil).

**1.1 Ùidhean**

Cha robh ùidhean ri nochdadh a thaobh cuspair sam bith air a' chlàr-ghnothaich.

**2 COINNEAMH A' BHÙIRD****2.1.1 CU 18-05-02**

Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.

**2.1.2 Puingean Gnìomha**

Chaidh obrachadh tro na puingean gnìomha:

| CU    | Puing | Cuspair   | Gnìomh        | Dèante |
|-------|-------|---|---------------|--------|
| 18-01 | 5.1   | <b>Buill Ùra</b><br>Ainmean gu Nicola   | Buill         | Dèante |
| 18-01 | 5.3   | <b>CIO</b><br>Ainmean eòlaichean ionmhais gu Nicola   | Buill         | Dèante |
| 18-02 | 8.3.3 | <b>Cùrsa Tbh</b><br>An ceangal gu fiolmaichean nan oileanach a chur gu buill  | NNT           | Dèante |
| 18-02 | 10.4  | <b>Trèanadh Buill a' Bhùird</b><br>Feumalachdan trèanaidh bhall   | NNT           | Dèante |
| 18-02 | 10.7  | <b>Sgeama Pàighidh HE</b><br>Bruidhinn ris a' Chomhairle Mhaoineachaidh   | NNT           | Dèante |
| 18-02 | 10.8  | <b>Cànan</b><br>Bruidhinn ri Roinn na Gàidhealtachd mu Chànan   | AMI           | Dèante |
| 18-02 | 10.9  | <b>Fèin-luachadh</b><br>Coimhead suirbhidh a chleachdadh an ath-bhliadhna   | NNT           | Dèante |
| 18-04 | 3.6.1 | <b>Coinneamh le Àrd-sgoil Phort Rìgh</b><br>Bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig a thaobh rannsachaidh air àireamhan fhìreannach a tha a' dèanamh Gàidhlig san sgoil | MNL           | Dèante |
| 18-04 | 9.2   | <b>Clàr-chunnartan</b><br>Sùil air ro-innleachd thrusaidh   | Com. Corporra | Dèante |
| 18-04 | 9.5   | <b>Aithisg Fèin-luachaidh</b><br>Trèanadh a chur air dòigh do bhuill  | CNC           | Dèante |
| 18-05 | 3.3   | <b>Deasbad a' Bhùird</b><br>Tuilleadh fiosrachadh do na buill a thaobh ionmhais, poileasaidh sònrachaidh agus neartachadh àrainneachd Gàidhlig na Colaiste    | GR/DR/KC/NT   | Dèante |

### 2.1.3 **Gnothaichean ag Èirigh**

Cha robh dad ri thogail nach robh air a' gheàrr-chunntas.

### 2.2 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd**

Thugadh fa-near geàrr-chunntas choinneamhan Chomataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd a chaidh a chumail air 13 Samhain agus 31 Faoilleach.

### 2.3 **Comataidh Corporra**

Thugadh fa-near geàrr-chunntas choinneimh na Comataidh Chorporra a chaidh a chumail air 14 Gearran agus na chaidh aontachadh a thaobh atharrachaidhean ann an structar taic an luchd-obrach.

### 2.4 **Comataidh Sgrùdaidh**

Thugadh fa-near geàrr-chunntas choinneimh na Comataidh Sgrùdaidh a chaidh a chumail air 22 Gearan.

### 3 GNOTHAICHEAN RIAGHLAIDH

#### 3.1 Aithisg Riaghlaidh

Thugadh fa-near Aithisg Riaghlaidh.

Chaidh aontachadh Mary Ellen a bhith na ball de Chomataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd.

Chaidh aontachadh Sandy a ghluasad bho CIO chun na Comataidh Sgrùdaidh.

Chaidh aontachadh John Taylor a bhith na chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh.

Chaidh aontachadh gun Iar-Chathraiche eile a thaghadh aig an ìre seo.

Dh' aontaich Màiri NicAnndrais a' Cholaistea riochdachadh air an Further Education Regional Board (FERB) airson bliadhna sa chiad dol a-mach.

Chaidh aontachadh sanas a chur a-mach airson ball bhùird bho alumnus an t-Sabhail a bhiodh a' frithealadh choinneamhan a' Bhùird.

NNT

#### 3.2 Clàr Sgilean a' Bhùird

Thugadh fa-near clàr sgilean a' Bhùird agus chaidh aontachadh sanasachd airson buill ùra, gu sònraichte feadhainn aig a bheil eòlas air planadh cànan agus cunntasachd no ionmhas.

NNT

### 4 CATHRAICHE AGUS PRIONNSAPAL

#### 4.1 Aithris a' Chathraiche

Choinnich an Cathraiche ris an Oll. Neil Simco, Iar Phrionnsapal Rannsachaidh, an Dr Fiona NicIlleathain, Iar Chathraiche Cùirt OGE, agus Gary Coutts, Cathraiche Cùirt OGE, o chionn ghoirid.

Bha an Cathraiche an làthair aig a' choinneimh *Strategic Dialogue*, le Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, air 4 Gearran. Chaidh cùisean gu math; choinnich iad le stiùirichean, luchd-obrach agus oileanaich. Bha iad taiceil agus tuigseach mu shuidheachadh na Colaiste agus thàinig gnìomhan às na còmhraidhean air am faod a' Cholaiste gluasad.

#### 4.2 Aithisg a' Phrionnsapail

Thugadh fa-near aithisg a' Phrionnsapail.

#### 4.3 Aithris nan Oileanach

Thug Rachel iomradh air puingeon agus beachdan a bha na h-oileanaich ag iarraidh a thoirt gu aire a' Bhùird, nam measg: cosgaisean àiteachan-fuirich agus roghainnean a bharrachd (m.e fèin-còcaireachd, no flataichean air màl); clasaichean air an làraich an àite air VC; agus margaideachd cuid a chùrsaichean an taca ri na thathas a' tabhann a thaobh oideachadh. Fhreagair Marsaili agus Nicola cuid de na chaidh a thogail agus air an deach gluasad mar-thà; agus thèid sgrùdadh a dhèanamh air na gnothaichean eile leis a' Bhuidhinn Ghnìomh.

Bha e follaiseach gu bheil barrachd obair ri dhèanamh airson conaltradh a neartachadh eadar luchd-obrach agus oileanaich.

## 5 OGE

### 5.1 Bhideo OGE

Fhuair na buill cothrom ron choinneimh sùil a thoirt air bhideo le fiosrachadh mun obair anns a bheil am Bòrd Prògraim an sàs agus beachdan bhon Dr Gary Campbell, Iar Phrionnsapal Leasachaidhean Ro-innleachdail, air cuid de na duilgheadasan a th' anns a' chom-pàirteachas.

#### 5.1.1 Pàipearan bhon Bhòrd Phrògraim

Thugadh fa-near pàipear bhon Bhòrd Phrògraim a thaobh deasbad mu structar riaghlaidh an oilthighe agus a' bhuidh a th' aige ann a bhith a' cur ro-innleachd an oilthigh an sàs. Thugadh fa-near gun robh diofar dhuilgheadasan aig diofar cholaistean agus nach robh Bòrd an t-Sabhail, aig an ìre seo a' faireachdainn gum b' urrainn dhaibh na ceistean a fhreagairt as aonais barrachd fhianais.

## 6 IONMHAS AGUS CUNNARTAN

### 6.1 Cunntasan gu 31.01.19 agus Aithris as Ùr gu 31/07/19

Thugadh fa-near na cunntasan gu deireadh an Fhaoilich 2019 agus an ro-aithris gu deireadh na bliadhna ionmhais. Thathas an dùil gum bi call de £135,000 ann. Tha seo air sgàth's buaidh àrdeachaidhean pàighidh co-cheangailte ri Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta, àireamhan nas lugha de dh' oileanaich air an làraich, agus cosgaisean a thaobh milleadh ann an togalach Fàs agus an cùis lagha a tha a' leantainn le na h-aitirean mar thoradh air. Tha coltas ann gum bi teachd a-steach bho cho-labhairtean cho math 's a bha e an-uiridh. Tha sàbhalaidhean air a bhith ann le bhith fàgail dhreuchdan bàn.

Dh' aontaich Janey ro-aithris sruth-airgid a dhèanamh airson na h-ath choinneimh.

JF

### 6.2 Stiùireadh Cunnairt

Thugadh fa-near aithisg bho Janey air stiùireadh cunnairt. Chaidh moladh leis an luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh gum bu chòir lèirmheas a dhèanamh air a' chlàr-chunnartan. Tha feum air ro-innleachd agus modhan-obrach chunnartan a bharrachd air comharrachadh miann a' Bhùird a thaobh cunnairt. Tha còir aig a' chlàr chunnart a bhith aithnichte ann an obair na Colaiste aig gach ìre. Bidh Janey ag obair le manaidsèaran san àm ri teachd gus clàr-chunnartan ùra a dhealbhadh. Bidh cothroman ann do bhuill a' Bhùird agus do mhanaidsearan, trèanadh a dhèanamh agus cuiridh Janey seo air dòigh.

JF

A thaobh Brexit, tha OGE agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a' cumail comhairle ris a' Cholaiste ach chan eil a h-uile suidheachadh soilleir gus na tig co-dhùnadh gu còmhraidhean Brexit. Dh' fhaodadh buaidh a bhith air na Cùrsaichean Goidid, agus a thaobh maoineachadh le pròiseactan. Tha cuid de luchd-obrach a' dol tron phròiseas cead còmhnaidh agus bidh a' Cholaiste a' toirt taic dhaibh, far a bheil sin iomchaidh.

## 7 GNOTHAICHEAN LEASACHAIDH

### Prìomh Phàipear

7.1 Thugadh fa-near pàipear bhon Phrionnsapal a thaobh leasachadh thaigheadais na Cille Bige a bha a' freagairt nan trì ceistean a chaidh a thogail aig coinneamh na Samhna.

### 7.2 Litrichean

Thugadh fa-near litrichean a thaobh leasachadh thaigheadais na Cille Bige bho luchd-obrach agus seann stiùirichean.

### 7.3 Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh

Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

### 7.4 Notaichean Coinneimh

Thugadh fa-near notaichean bho choinneamhan le *MacQueen Building* agus leis an *Highland Small Communities Housing Trust*.

Dh' aontaich am Bòrd a dhol air adhart leis an dàrna ìre de leasachadh na Cille Bige, leasachadh thaigheadais, ann am com-pàrteachas le Comhairle na Gàidhealtachd, *MacQueen Building* agus an *Highland Small Communities Housing Trust*.

## 8 GNOTHAICHEAN FOGHLAIM

### 8.1 Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim

Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim.

## 9 GNOTHAICHEAN CORPORA

### 9.1 Barganachadh Nàiseanta

Thugadh fa-near iomradh air Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta, far a bheil cùisean aig an ìre seo, agus a' bhuidh a bhios air ionmhas na Colaiste ma chuireas a' Cholaiste làimh ris an aonta. Bidh John Gribben, bho Cholaistean na h-Alba, agus a tha os cionn a' Chomann Luchd-fastaidh, a' tadhal air a' Cholaiste 1 Giblean, le dùil gun dèan a' Cholaiste co-dhùnadh ro dheireadh a' Ghiblein. Bidh coinneamh shònraichte a dhìth airson aonta a' Bhùird.

### 9.2 Co-ionannachd

#### 9.2.1 Aithisgean

Thugadh fa-near fios mu na h-aithisgean a dh' fheumas a' Cholaiste fhoillseachadh ro dheireadh a' Ghiblein.

Chaidh aontachadh leigeil leis a' Chomataidh Chorporra na h-aithisgean seo aontachadh às leth a' Bhùird mura biodh cothrom ann aig coinneimh shònraichte a' Ghiblein.

CoCo

9.2.2 **Iarrtas OGE**

Thugadh fa-near cuireadh bho Fiona Larg, Rùnaire OGE, do bhall a bhith an sàs le Buidheann Co-ionannachd agus Iomadachd an Oilthighe.

Chaidh aontachadh trèanadh air loidhne air *unconscious bias* a chur air dòigh do na buill.

NNT

**10 GISBE**10.1 **Mullach an Tùir**

Fhuair na buill cothrom sùil a thoirt air an sgeadachadh a chaidh a dhèanamh air mullach an Tùir airson a chur a-mach air màl. Rinneadh moladh air an obair a rinn Roinn na h-Aoigheachd agus thugadh taing dhaibh.

10.2 **A' Mhorair Duncan**

Chaidh aontachadh cuireadh a thoirt don Mhorair Duncan, Leas Rùnaire, Oifis na h-Alba, a thighinn don Cholaiste. Tha e air ùidh a nochdadh san t-Sabhal agus bha e an dùil tadhal an-uiridh ach chaidh an turas a chur dheth.

GR

**11 CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH**

Thèid an ath choinneimh a chumail air 14 Ògmhios aig an t-Sabhal.

Thèid coinneamh shònraichte a chumail aig deireadh a' Ghiblein a thaobh Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta.

*Sgaoil a' choinneimh aig 2.40f*